

Tuairisgeul Obrach: Teicneòlaiche TF

Roinn

Roinn an Teicneòlais Fhiosrachaidh is Chonaltraidh

Fo stiùir

Am Manaidsear TF

Tuarastal

£26,111 – £29,491 (a rèir eòlais is sgilean)

Adhbhar na Dreuchd

A' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gun obraich goireasan is siostaman TFC gu h-èifeachdach aig Sabhal Mòr Ostaig. Bidh an Teicneòlaiche TF ag obair gu dlùth còmhla ris a' Mhanaidsear TF agus ris an Àrd-theicneòlaiche TF gus sàr sheirbheisean TFC a thoirt seachad.

Prìomh dhleastanasan

- Ag obair, fo stiùir a' Mhanaidseir TF agus an Àrd-theicneòlaiche TF, air siostaman is goireasan Sabhal Mòr Ostaig agus thu a' dèanamh cinnteach gu bheil iad ag obair mar a bu chòir.
- 'S ann thugadsa a chuireas luchd-obrach is oileanaich fios sa chiad dol a-mach ma tha ceistean no duilgheadasan TF aca, agus bidh thu a' dèiligeadh ris na ceistean aca ann an deagh àm agus ann an dòigh phroifeiseanta.
- A' cuideachadh a' Mhanaidseir TF agus an Àrd-theicneòlaiche TF le bhith ag ullachadh sgrìobhainnean-stiùiridh a sheallas do luchd-cleachdaidh mar a dhèiligeas iad ri trioblaidean agus mar a tha goireasan ag obair.
- A' cuideachadh a' Mhanaidseir TF agus an Àrd-theicneòlaiche TF le bhith ag ullachadh, còmhla ri luchd-cleachdaidh, brathan-fiosrachaidh TFC gus a bheil fios aig a h-uile duine air poileasaidhean airson bathar-cruaidh is bathar-bog ùr, agus air na cùmhnantan a th' againn le luchd-solair.
- A' dèanamh co-chonaltradh ri luchd-cleachdaidh nan seirbheisean TFC, gus measadh a dhèanamh air na feumalachdan aca agus gus an urrainn dhut comhairle a thoirt dhan Mhanaidsear TF agus dhan Àrd-theicneòlaiche TF a thaobh bathar-cruaidh is bathar-bog, trèanadh agus prògraman.
- A' toirt taic theicnigeach seachad agus a' faighinn fuasgladh air trioblaidean a thaobh bathar-cruaidh, leithid choimpiutairean deasga, laptops, tablaidean, clò-bhualadairean, agus uidheamachd fuaime-lèirsinne.
- A' cur a-steach, a' cur air dòigh, agus a' cumail taic ri prògraman, leithid Microsoft 365 agus goireasan foghlaim eile.

- A' cuideachadh le bhith a' cur air dòigh is a' coimhead às dèidh teicneòlas teagaisg, leithid bùird-gheala eadar-ghnìomhach, proiseactairean, agus siostaman-fuaime.
- A' cuideachadh le rianachd airson cunntasan luchd-cleachdaidh, siostaman puist-d, agus lìonraidhean.
- Ma bhios trioblaidean teicnigeach nas toinnte ann, bidh thu ag iarraidh taic bho luchd-obrach TFC aig ìre nas àirde no a' bruidhinn ri luchd-solair bhon taobh a-muigh ma dh'fheumas tu.
- A' cuideachadh le bhith a' cumail clàr TFC agus clàr de na goireasan.
- A' cur air adhart agus a' cumail ri poileasaidhean na colaiste a thaobh a bhith a' cleachdadh TFC, sàbhailteachd air-loidhne, agus dìon dàta.
- A' cuideachadh le bhith a' cruthachadh is ag ùrachadh stiùiridhean is sgrìobhainnean taice do luchd-cleachdaidh.
- A' dèanamh cinnteach gun tèid cumail ri riaghailtean Slàinte is Sàbhailteachd co-cheangailte ri uidheamachd eileagtronaigeach agus goireasan.
- A' coileanadh dhleastanasan eile mar a bhios a dhìth san dreuchd.

Comasan an Neach-obrach

Slatan-tomhais	Comasan riatanach	Comasan a bhiodh nam buannachd
Eòlas: Tuigse air siostaman TFC	✓	
Eòlas: Tuigse air obair-thaice airson TF		✓
Eòlas: Eòlas agad air Microsoft Office 365	✓	
Eòlas: Eòlas air bathar-bog foghlaim agus uidheamachd AV		✓
Sgilean: Math air fuasgladh fhaighinn air trioblaidean	✓	
Sgilean: Sgilean conaltraidh èifeachdach agus math air taic a thoirt do luchd-cleachdaidh	✓	
Sgilean: Comasach dhut sgrìobhainnean le modhan-obrach is stiùiridhean ullachadh		✓
Sgilean: 'S urrainn dhut conaltradh èifeachdach a dhèanamh agus a bhith ag obair le misneachd ann an àite-obrach Gàidhlig		✓
Eòlas: Eòlas air a bhith a' toirt taic TFC seachad ann an oifis no ionad foghlaim		✓

Eòlas: Eòlas air obair rianachd airson chunntasan is lìonraidhean		✓
Eòlas: Eòlas air a bhith ag obair le luchd-solair		✓